

## IX.

Eaglais Shaor, a chaomh chàrdéan  
 'S gearr na laithibh gu léir  
 Gu 's an cluinn sibh caoidh Lèban,  
 Sibh air fhàgail gu 'n tréud ;  
 'S O ! nam faicinn an là sin,  
 B' oibhinn gaire bho' m' bhéul,  
 Bhi ga chluinntinn le àrd ghuth  
 Ri gul 's a rànaich na 'n Dee.

## X.

Ge d' ro casaid a namhaid  
 Ribh aig ràtitinn le bèum,  
 Gu 'n do chreach sibh tigh Lèbain  
 Dheth chuid ailleagan bréig ;  
 Ach ge d' dh' fholaicheadh le Rachel  
 Iad 's an àirneis, fo sgeith,  
 Cha robh cionta ann do Iacob,  
 Nach d' ug gràdh dhoibh no géill.

## XI.

'Se bha ann fuileach a nàdair  
 Bh' ann an Rachel 'i fein,  
 Fhùair 'i 'n leasraidih a pàrrant',  
 Dh' fhàs na ghràin dhì na dhéigh ;  
 'S muair a lorgadh le Iacob  
 Iad, cha babhar dhoibh e ;  
 Thilg e mach chum na faimh iad,  
 Is ghléidh e Rachel dha fein.